

annual report

1967-68

an comunn gaidhealach



An Comunn Gaidhealach
(The Highland Association)

Headquarters

ABERTARFF HOUSE, CHURCH STREET, INVERNESS
Telephone No. 31226. STD. OIN3

Glasgow Office

65 WEST REGENT STREET, GLASGOW, C.2
Telephone No. DOUGLAS 1433. STD. O41

Fear Stiuiridh

Director

D. J. MACKAY, M.A.

Fiosraiche

P.R.O.

D. MACLEOD

Runaire

Secretary

M. MACLEOD



Standing (left to right) — D. Nicolson, Secretary Glasgow Mod Committee; Norman MacLean, Bard and Gold Medallist 1967; D. J. Mackay, Director.
Sitting (left to right) — C. Robertson, Vice-Convener; Lady Bannerman, Convener; D. Grant, President; D. Thomson, Convener Mod and Music; D. W. MacRitchie, Vice-Convener.

Aims

An Comunn Gaidhealach was established in 1891 and its aims are to encourage and support :

1. The teaching, learning and use of the Gaelic language.
2. The study and cultivation of Highland literature, history, music, art and traditions.
3. The social and economic welfare of the Highlands and Islands of Scotland.
4. The wearing of the Highland Dress.

Acknowledgments

An Comunn Gaidhealach could not have undertaken, far less completed, its past year's work without the goodwill and co-operation of many bodies and individuals all over the country. An Comunn Gaidhealach would like to express its deep gratitude to all those who have given generous assistance and advice throughout the year.

Past Presidents

Lord Archibald Campbell	1891-1894
John MacKay	1894-1896
Charles Fraser MacIntosh of Drummond, LL.D.	1896-1898
The Marquis of Tullibardine	1898-1904
The Countess of Cromartie	1904-1905
H.R.H. Princess Louise (Duchess of Argyll)	1905-1906
Archibald Menzie, S.S.C.	1906-1907
Mrs Burnley Campbell of Ormidale	1907-1909
Wm. MacKay, LL.D., Inverness	1909-1912
Malcolm MacLeod, Glasgow	1912-1919
Rev. G. W. MacKay, D.D., Killin	1919-1922
Angus Robertson, Glasgow	1922-1927
Sheriff J. MacMaster Campbell, C.B.E.	1927-1930
Rev. Neil Ross, C.B.E., D.Litt., D.D., Laggan	1930-1934
John R. Bannerman, Glasgow	1934-1938
Rev. Malcolm MacLeod, M.A.	1938-1946
Donald MacDonald	July 1946 - September 1946
Dr John Cameron, LL.B., Glasgow	1946-1949
Lord Bannerman of Kildonan, Balmaha	1949-1954
Neil Shaw, O.B.E., F.S.A. Scot., Kilmacolm	1954-1956
Farquhar MacRae, M.A., B.Sc., F.E.I.S., Clarkston	1956-1959
Hugh Macphee, M.B.E., F.S.A. Scot., Bearsden	1959-1962
Donald Thomson, M.A., F.E.I.S., Oban	1962-1965

Trustees for Feill Investments

Lord Bannerman of Kildonan
 G. Harvey Maclean
 William Hume, B.L.
 Kenneth Macdonald, B.Sc., F.E.I.S.
 Hugh Macphee, M.B.E., F.S.A. Scot.
 Farquhar MacRae, M.A., B.Sc., F.E.I.S.
 Rev. T. M. Murchison, M.A., D.D.

Annual Report

for the Year from 1st April 1967 to 31st March 1968

contents

BRANCHES	5
AFFILIATED SOCIETIES	9
EXECUTIVE COUNCIL	10
FOREWORD	12
OBAIR NAN COMHAIRLEAN	13
REVIEW OF THE YEAR'S ACTIVITIES	25
Financial Assistance	26
Gaelic in Schools	26
Gaelic in Further Education Centres	26
Provincial Mods	27
National Mod, Glasgow	27
Information Centres	28
Publications	28
History and Folklore Competition	29
Schools Quiz	29
E.C.O.L.M. Conference	29
Human Rights Year	30
Consultation with Other Organisations	30
School of Scottish Studies	30
Organisation	30
Staff	30
Finance and Commercial Activities	30
An Comunn Productions	31
Support for Lingual Minorities	31
U.S.S.R.	31
Definition of Discrimination	31
APPENDIX I	33
INCOME AND EXPENDITURE ACCOUNTS	35
DONATIONS	52

Presidents and Secretaries of An Comunn Branches

NORTHERN AREA

ABERDEEN

President Mr Kenneth Macleod.
Secretary Mrs Iain A. MacSween, 1 Donmouth Crescent, Bridge of Don.

AULTBEA

President Miss Ann Munro.
Secretary Miss K. Matheson, Ach na Thearnaidh, Inverasdale, Wester Ross.

AVIEMORE

President Mr C. M. MacLeod.
Secretary Miss M. Duff, Rathven, Aviemore.

BEAULY

President Mr K. Campbell.
Secretary Mrs J. Harris, 11 Pritchard Crescent, Beauly.

CLYNE

President Mr Donald K. Ross.
Secretary Mrs E. J. Gunn, 2 Gatehouse, Brora.

CROMARTY

President Mr Murdo Macdonald.
Secretary Mrs C. A. MacKenzie, Laurel House, Cromarty.

DINGWALL

President Mr Iain L. Grant.
Secretary Miss Elizabeth MacLellan, Knockfarrel, Dingwall.

DORNOCH

President Mr W. G. Calder.
Secretary Mrs B. MacKee, 1 Braemen Terrace, Bishopfield, Dornoch.

DURNESS

President Mrs Dolly McDougall.
Secretary Mrs Agnes Clark, White Heather, Duness, Sutherland.

ELGIN AND DISTRICT

President Mr. A. MacDonald.
Secretary Miss W. Cruickshank, 70 South College Street, Elgin.

FORRES

President Dr H. M. Morgan
Secretary Miss Elizabeth B. MacWilliam, M.A., 6 North Road, Forres.

FORT WILLIAM

President Police Sgt. John MacInnes.
Secretary Miss Buchanan, British Aluminium Co. Hostel, Inverloch, Fort William.

GOLSPIE

President Mr Hugh Campbell.
Secretary Miss B. MacRae, 2 Seaforth Road, Golspie.

GRANTOWN-ON-SPEY

President Mr A. MacAulay.
Secretary Miss J. Grant, Anagach, Grantown-on-Spey.

INVERNESS

President Mr Duncan MacLeod.
Secretary Miss Sally B. Fraser, 11 Old Edinburgh Road, Inverness.

KINGUSSIE

President Mr Finlay D. MacRae.
Secretary Mrs C. Gall, "Selerang", Campbell Crescent, Kingussie.

LAGGAN

President Mrs Kenneth MacKay.
Secretary Mrs Cameron Robertson, Balgowan, Laggan.

LEWIS

President Mr Donald Kennedy.
Secretary Mr Donald Macdonald, Schoolhouse, North Tolsta, Lewis.

NAIRN

President Mr Hugh McCallum, Constabulary Gardens, Nairn.
Secretary

NEWTONMORE

President Mr D. J. Wilson.
Secretary Miss C. W. Ross, 1 Church Terrace, Newtonmore.

NORTH UIST

President Mr John Macdonald.
Secretary Mrs Peggy Johnson, Craigard, Lochmaddy.

PORTREE

President Mr Alistair Douglas.
Secretary Mrs Alistair Douglas, Balmeanach, Braes, Portree, Skye.

THURSO

President Mr R. MacDonald.
Secretary Mr John Porter, Gerston, Halkirk, Thurso.

SOUTHERN AREA

ABERFELDY

President Mrs Petrine Stewart.
Secretary Mrs M. Morris, 35 Chapel Street, Aberfeldy.

ABERFOYLE AND DISTRICT

President Mr J. Wight.
Secretary Mrs Mary Laing, 20 Queen's Crescent, Aberfoyle.

ARRAN

President Miss Bess MacMillan.
Secretary Mrs May Thomson, Largie Mhor, Whiting Bay, Arran.

AUCHTERARDER

President Mr Alisdair Munro.
Secretary Mr James Houston, 12 Victoria Road, Auchterarder.

AYR

President Mrs W. Davies.
Secretary Mr Kenneth A. Matheson, 18 Hillhouse Gardens, Barassie, Troon.

BLAIR ATHOLL AND STRUAN

President Rev. Donald Cameron.
Secretary Mr Jack Ferguson, The Garden House, Blair Atholl.

BUCHANAN

President Lord Bannerman of Kildonan.
Secretary Miss Margaret Millar, 27 Charles Terrace, Drymen.

BUNESSAN AND PENNYGHAEL

President Mr Hugh Lamont.
Secretary Mrs Euphemia Kane, "Braa", Ardachy, Bunessan.

CAMPBELTOWN

President Mr Hector MacNeill, M.A.
Secretary

COLONSAY

President Mr Neil M. MacNeil.
Secretary Mrs J. Cursiter, Glassard, Colonsay.

CORNAIGMORE

President Mr Malcolm M. MacLean.
Secretary Mr Neil MacLeod, M.A., "Tigh A' Chuain", Balephetrish, Tiree.

CRUACHAN

President Mr Kenneth Campbell.
Secretary Mrs Kenneth Campbell, Killegray, Taynuilt.

CUMBERNAULD

President Mr Calum MacLeod.
Secretary Mrs M. Conlon, 1b Mossiel Road, Cumbernauld.

DUMFRIES AND GALLOWAY

President Mr Colin G. Morrison.
Secretary Mrs Cath. R. Johnston, Snowdrop Bank, 226 Annan Road, Dumfries.

DUNDEE

Chief Mr John A. MacLeod.
Secretary Miss Joan K. Drummond, "Braemore", 331 Blackness Road, Dundee.

DUNKELD

President Dr N. Morison.
Secretary Mrs A. Humphreys, 31 Willowbank, Birnam, Dunkeld.

DUNOON

President Mr Gilbert MacAllister.
Secretary Mr James MacDonald, 85 Ardenslate Road, Kirn.

EDINBURGH

President Mr William Neill.
Secretary Mr Calum MacRitchie, 63 Ashley Drive, Edinburgh, 11.

FALKIRK

President Mr Calum Iain MacLeod.
Secretary Miss Kathleen E. Reid, 19 Queen Street, Grangemouth.

GLASGOW

President Mr Calum Robertson.
Secretary Mr David Edgar, 79 Essex Drive, Glasgow, W.4.

GLENROTHES

President Mr A. MacLean.
Secretary Mr M. A. Donald, 29 Lorne Court, Rimbleton, Glenrothes.

GOVAN

President Mr John MacPhee.
Secretary Mrs D. MacFadyen, 23 Crookston Avenue, Glasgow, S.W.2.

- ISLAY
President Mr Duncan MacCalman.
Secretaries Miss Iseabel Stewart, 90 Main Street, Bowmore.
Miss Effie Clark, "Achnamara", Port Charlotte.
- KILLIN
President Mr G. C. Colmar.
Secretary Miss E. Walker, Corrie Lodge, Killin.
- KILMARNOCK
President Rev. Arch. M. Beaton, T.D. M.A.
Secretary Mrs Jean Ferguson, 1 Ellisland Drive, Kilmarnock.
- KINLOCH RANNOCH
President Mr G. Campbell.
Secretary Miss Morag MacGregor, Ardlarich, Rannoch Station, Perthshire.
- KINROSS
President Mr A. Sneddon.
Secretary Mr Alexander Bayne, Jnr., Boreland, Cleish, Kinross-shire.
- LARBERT
President Mr John MacLean.
Secretary Miss Mary A. Robertson, 71 Main Street, Larbert.
- LARGS
President Mr W. D. C. MacIvor.
Secretary Miss Janet S. Hay, 5 Haylie Gardens, Largs.
- LOCHEARNHEAD
President Mr J. C. Ferguson.
Secretary Mrs K. Stewart, "Innishewan", Luib, Perthshire.
- LOCHFYNE
President Mr D. J. Wilson.
Secretary Mrs Harry Fyfe, 2 Kennoway Cottages, Tayvallich, by Lochgilphead.
- LOCHTAYSIDE
President Mr Malcolm MacCallum.
Secretary Miss Elizabeth C. McDiarmid, Shenlarich, Lawers, by Aberfeldy.
- LOGIERAIT
President Rev. H. M. Gilmour.
Secretary Miss Annie Dewar, Hillhead, Logierait, Ballinluig.
- MANCHESTER
President Mr W. S. MacLean.
Secretary Mr Donald J. Munro, Roewoods, Birtles Road, Macclefield, Cheshire.
- OBAN
President Mr Donald Thomson, M.A., F.E.I.S.
Secretary Mr R. L. M. Banks, B.L., 19 Stevenson Street, Oban.
- PORT GLASGOW
President Mr Angus Smith.
Secretary Mr Robert Smith, 49a Bawhirley Road, Greenock.
- STIRLING
President Mr Ian D. MacCallum.
Secretary Mrs Mary F. M. McNicol, Ardbeg, Bridge of Allan.
- TOBERMORY
President Captain Black.
Secretary Mr James Gallacher, Clydesdale Bank, Tobermory.
- VALE OF LEVEN
President Mr Murdo MacGregor.
Secretary Mr John Agnew, 18 Lansbury Street, Levenvale, Alexandria.

Affiliated Societies

Aberdeen Gaelic Choir
Arran Society of Glasgow
Ballachulish Gaelic Choir
Blairgowrie and District Highland Association
Clan Cameron Association
Clydebank Highlanders' Association
Celtic Union, Edinburgh
Clan Donnachaidh Society
Clan MacLean Association
Clarsach Society
Comunn Tir nam Beann, Dun Eideann
Crieff and District Highland Association
East Kilbride and District Highlanders' Association
Edinburgh Argyll Association
Edinburgh Gaelic Choir
Gaelic Society of Glasgow
Gaelic Society of London
Gaelic Society of Perth
Glasgow Coll Association
Glasgow Gaelic Drama Association
Glasgow Gaelic Musical Association
Glasgow Highland Club
Glasgow High School Gaelic Class Ceilidh
Glasgow Islay Association
Glasgow Islay Gaelic Choir
Glasgow Jura Association
Glasgow Lewis and Harris Association
Glasgow Morven Association
Glasgow Mull and Iona Association
Glasgow Skye Association
Glasgow Sutherlandshire Association
Glasgow University Ossianic Club
Glasgow Wester Ross Benevolent Association
Gourock Highland Association
Govan Gaelic Choir
Greenock Gaelic Choir
Greenock Gaelic Choral Society
Greenock Tir nam Beann Association
Hamilton and District Highlanders' Association
Helensburgh and District Highland Association
Highland Society of Dunfermline
Johnstone Highlanders' Association
Kilmarnock Gaelic Choir
Knightswood and District Highland Association
Lanark Highlanders' Association
Lochalsh Gaelic Choir
London Argyllshire Association
London Gaelic Choir
Lothian Celtic Choir
Luss and District Highland Society
Manchester Gaelic Choir
Maryhill and District Highland Association
Mid-Argyll Association
Motherwell and Wishaw Highland Association
North Uist and Bernera Association
Oban and Lorn Association
Paisley Highlanders' Association
St. Columba Gaelic Church Choir
Skelmorlie and District Highland Association
Stirling Gaelic Choir
Stirling Gaelic Society
Stornoway Gaelic Choir
Tiree Association
Uist and Barra Association
Vancouver Comunn Gaidhealach

EXECUTIVE COUNCIL 1967/68

Elected Members

President

Donald Grant, M.A., M.Ed., B.A., Glasgow

Council

Elected from Northern Regional Council —

I. R. Mackay, Vice-President, Inverness.
Miss Lucy Cameron, Caol.
Miss Kay Matheson, Inverasdale.
D. J. MacCuish, Inverness.
Tom MacIver, Evanton.

Elected from Southern Regional Council —

Rev. Arch. M. Beaton, Vice-President, Dundonald.
Roderick Mackinnon, Perth.
Lady Bannerman of Kildonan, Balmaha.
Calum D. Morrison, Glasgow.
Calum Robertson, Glasgow.

Representatives —

T. B. Duncan, Glasgow, Corporation of Glasgow.
John A. Smith, Vice-Principal Jordanhill College of Education, Joint
Committee of Colleges of Education in Scotland.
Professor D. S. Thomson, Glasgow, Celtic Departments of the
Universities.
Provost R. MacLeod, Tobermory, Argyll County Council.
Dr J. A. MacLean, M.A., C.B.E., Director of Education, Inverness-shire
County Council.
Ronald Macdonald, M.A., Director of Education, Ross-shire County
Council.
Donald Kennedy, Stornoway, Lewis and Harris District Councils.
John MacInnes, Daliburgh, Uist and Barra District Councils.
Mrs C. F. Rutherford, Golspie, Association of County Councils of
Scotland.
Donald Thomson, M.A., F.E.I.S., Oban, Educational Institute of
Scotland.

REGIONAL COUNCILS 1967/68

Northern — I. R. Mackay (*Chairman*), Miss Kay Matheson (*Vice-Chairman*), Miss Lucy Cameron, Alex Fraser, Capt. P. Kelley, Fr. J. MacCormick, D. J. MacCuish, Mrs C. Macdonald, Farquhar Macintosh, Tom MacIver, Alistair M. MacLean, Angus MacLean, The Hon. Mrs Maclean of Ardgour, Miss B. MacRae, H. MacRae, Mrs M. MacTaggart, John M. Mathieson, Murdo Montgomery, Dr H. M. Morgan, Hume D. Robertson, D. J. Wilson.

Southern — Rev. Arch. M. Beaton (*Chairman*), Roderick Mackinnon (*Vice-Chairman*), Lady Bannerman of Kildonan, Donald Grant, Miss May F. Hunter, Gilbert MacAllister, Fred MacAulay, Norman E. Macdonald, Rev. John MacDougall, Miss F. C. Macfarlan, Donald Morrison, William Neill, Andrew Pearson, Calum Robertson, John Grant, Miss Isa Macmillan, Miss M. M. Matheson, Calum D. Morrison, Donald Thomson, James Thomson, Mrs Angus Whyte.

COMMITTEES

Advisory Committee — Lady Bannerman of Kildonan, Miss Kay Matheson, D. J. MacCuish, Roderick Mackinnon, Calum Robertson, Donald Thomson, President and Vice-Presidents (*ex-officiis*).

Finance — Calum Robertson (*Convener*), Lady Bannerman of Kildonan, I. R. Mackay, Mrs Angus Whyte, Duncan Martin, President (*ex-officio*). Co-opted, G. Harvey MacLean.

Publications and Education — Roderick Mackinnon (*Convener*), Ronald Macdonald, Dr J. A. Maclean, I. R. Mackay, John A. Smith, Professor D. S. Thomson, President (*ex-officio*). Farquhar Macintosh, Donald Morrison, Murdo Macleod, James Thomson.

Mod and Music — Donald Thomson (*Convener*), Rev. Arch. M. Beaton, Miss Lucy Cameron, President (*ex-officio*), Miss Evelyn Campbell, Miss Joan Mackenzie, Donald MacRitchie, Dr John W. Bannerman, John A. MacRae, Calum D. Morrison, Miss Margot Campbell. Ian M. Millar and James Sinclair, representing the Association of Gaelic Choirs. Gilbert MacAllister and Angus MacTavish, representing 1968 Mod Local Committee.

Art and Industry — Miss May F. Hunter (*Convener*), Lady Bannerman of Kildonan, Miss Kay Matheson, Tom MacIver, President (*ex-officio*). Miss May Margaret MacMillan, Mrs M. C. Edgar, Mrs Donalda Macleod, John A. MacDonald, Donald Johnston, Archie Fraser, G. MacLellan.

Roimhfhacal — Foreword

Tha dà sgeul a'leantainn an seo a dhearbhas nach robh An Comunn Gàidhealach na thàmh ré na bliadhna a tha seachad.

Bithidh fhios aig feadhainn mar tha air beagan mu na h-oidhirpean a rinneadh a chum aobhar na Gàidhlig a chur air adhart. Aig a' cheart am tha e feumail gum bitheadh cùntas nas mionaidiche air a dheanamh an seo air na h-oidhirpean sin. Tha e an dòigh aràidh ceart, saoilidh mi, gum bitheadh fhios aig na buill uile air an dealas leis am bheil am Fear-Stiùiridh, Mgr. MacAoidh, a'sgrùdadh gun tàmh, aig baile is fo'n bhaile, airson àite nas urramaiche a chosnadh do'n Ghàidhlig an suilean riaghaltais, chomhairlean mora is beaga, agus an t-sluaigh air fad.

'Se an sgeul eile mar a thàinig an t-ionmhas a steach (gnothach doirbh), agus mar a chaidh e a mach, ni a tha soirbh gu leòr. Tha cùntas an seo air oidhirp shonraichte, se sin mar a chruinnicheadh £15,000 an taobh a staigh de bhliadhna. Bithidh cuimhne air an oidhirp ainmeil seo, agus an té a bh'air ceann na h-obrach, a Bhana Mhorair Nic Ille na Brataich, fad iomadh latha is bliadhna.

Tha mi'n dòchas gun cuir na th'air innse, mu airgead is eile, buill a' Chomuinn a dh'obair nas cruaidhe fhathast as leth na cànan.

Donald MacDonald

Obair nan Comhairlean

Thugadh suil gu math geur feadh na bliadhna air obair A'Chomuinn agus chaidh ruintean a dheasachadh gus an obair a choimhlionadh mar a thatar a'faicinn freagarrach airson nam bliadhnaichean air thoiseach oirnn. 'Sa cheud aite chan e Comunn na Gaidhlig a tha 'sa Chomunn agus bho nach gabh na Gaidheil agus a Ghaidhlig sgaradh feumar na ruintean a choimhlionadh air da cheann ar dleas-danas do'n Ghaidhlig agus ar dleasdanas do na daoine.

Chan e mhain gu feum sinn fhein an canan a bhrosnachadh ach oidhirpean a chuideachadh troimh gach buidheann eile a tha an sas innte; le a bhith deasachadh agus a clo-bhualadh leabhraichean; a'cumail suil air na tha tachairt an rioghachdan eile agus a'feuchainn ri inbhe a chosnadh do'n Ghaidhlig gus an seas i h-aite fhein feadh an t-saoghail.

A thaobh nan Gaidheal feumaidh sinn a bhi furachail gun teid leasachadh agus adhartas a dheanamh a bhitheas chum math is bith-beo an t-sluaigh, chionn mur a bi obair fhreagarrach ann cha bhi daoine ann. Theid an tàladh air falbh gu aiteachan Beurla far an caill iad an canan 'san dualchas.

Tha e romhainn cuideachadh, comhairle is stiùireadh a thabhairt do gach buidheann aig a bheil dleasdanas ann an obair 'sam bith ris a bheil An Comunn co-cheangailte.

Ann an gnothuichean eadar-naiseanta tha bhuainn a bhith comhla ri na cananan beaga eile agus aire an t-saoghail a tharruing gu'n chanan, a bhith ag obair an co-cheangal riutha agus a'cuideachadh le sgrùdadh is rannsachadh sam bith a dh'fheumar a dheanamh.

Chaneil teagamh sam bith gur h-ann 'sna h-Eileanan a ghleidhear a' Ghaidhlig ma gheibh i cothrom agus 'sann an so a dh'fheumas An Comunn oidhirp mhor a dheanamh. An ceart uair chaneil againn ach da mheur 'sna h-eileanan agus dh'fheumadh sinn duine a shuidheachadh 'sna h-eileanan a bhrosnaicheadh gach cuis a tha ri coimhead ris. Feumar cuideachd cuid-eigin a sheallas ri clobhualadh, agus ri tide, fear a sheallas ri reic is ceannachd. Tha am Mod cuideachd ri aire fhaighinn agus tha sinn an dochas gum faigh so cuideachadh airgid bho Chomhairlean Ionadail troimh Bhile a tha dol 'ga thogail an Tigh nan Cumantan 'san ath sheisean.

Co-chruinneachadh nan cananan beaga

Bha seachd deug de na cananan beaga air an riochdachadh aig coinneamh ann an Oslo 'san Lunasdal, air tighinn comhla airson a cheud uair agus bha am Fear Stiuiridh a seasamh aite na Gaidhlig. Chaidh run bho'n choinneamh gu gach rioghachd feadh an t-saoghail a'cur an ceill gu robh coirichean laghail aig na cananan beaga fo "Choirichean Coitcheam a' Chruinne Ce" agus gum bu choir na coirichean sin a thoirt dhaibh. Bho'n uair sin tha na h-uidhir a dh'obair an cophairt a'dol air adhart am measg na rioghachdan a bha aig a chruinneachadh agus tha sinn a'faicinn beagan de'n bhuaidh a tha aige so 'nar rioghachd fhein.

Comhairlean Ionadail A'Chomuinn

Chaidh comhairlean ionadail a chuir air bhonn an grunn d a dh'aitichean a chuidicheas le obair Comhairle a' Chinn a Tuath 'sa' Chinn a Deas. Tha coltas gum bi iad so comasach air torr oibreach a ghabhail as laimh 'sna bliadhnaichean a tha romhainn gu h-araidh a' lorg luchd teagaisg, luchd stiuiridh choisirean, cuir air bhonn clasaichean is ag oideachadh na daoine 'sna cearnaidhean aca fhein mu'n eachdraidh is dualchas.

Cuideachadh Airgid

Fhuair sinn £1,690 am bliadhna bho Chomhairlean Siorramachd is Comhairlean Ionadail agus tha sinn a'toirt taing do'n fheadhainn a tha sior chuideachadh leinn.

Chuir sinn cuideachd tagradh mu choinneamh Runaire na Staite a dh'iarraidh airgid mar a tha buidhnean eile a'faighinn. Chan eil sinn a'faicinn aobhar sam bith gum biodh a' Ghaidhlig air dheireadh. Tha sinn a'cosg corr air £20,000 gach bliadhna agus tha e fas nas duilghe a h-uile bliadhna so a thogail mar a b'abhaist.

Sluagh

Tha e deanamh uallaich dhuinn mar a tha daoine òga a'fagail nan eilean. 'Sa' chunntas a chaidh a dheanamh ann an 1966 tha sinn a'faicinn gun do dh'fhag 1,300 de oigrìdh eadar 15-24 bliadhna a dh'aois Leodhas is na Hèarradh bho 1961 agus gu bheil barrachd nighean a'fagail na tha falbh a ghilleann. Na leanadh an imprig so cha bhiodh moran air fhagail aig toiseach bliadhna 2000.

Gaidhlig ann an Sgoilean

Ma gheibhear luchd teagasg tha coltas gu bheil siorramachd is baile no dha deonach air so a chuir air bhonn a thuilleadh air an fheadhainn a bha ann an uiridh. Chaidh clas Gaidhlig a thoiseachadh 'san Acadamaidh an Dun Eideann airson nan clasaichean as airde agus tha iarraidh air an leudachadh.

Am Mod

Ged nach robh uidhir de cho-fharpuisich aig a'Mhod an Glaschu 'sa bha an Inbhir Nis, bha am Mod so ainmeil airson da ni. Chruinnich a'Chomhairle Ionadail £15,500 agus rud a shonruicheas am Mod so thar gach Mod, choisin Mgr. Tormod MacGilleathan Crun a Bhaird agus Bonn Oir nam Fear.

Airson a'cheud uair bha Feisd Albannach 'ga cumail an deidh fuasgladh a Mhoid oidhche Di-Luain.

Tha a'Chomhairle Ionadail fo stiùireadh na Mna-Uasail Nic Ille Na Brataich r'a moladh airson an obair a rinn iad re na bliadhna agus fad na seachduinne.

Chumadh na Modan Ionadal mar a b'abhaist ann an seachd aitean deug. Bha 4,200 a'gabhail pairt as na Modan sin gu leir agus tha corr air £300 a chosgais co-cheangailte ri gach fear eadar britheamhan, siubhal, leabhrair is eile. Cha bu choir so a dhol air di-chuimhn' 'nuair a bheachdaicheas sinn air a Mhod Naiseanta.

AN ARD CHOMHAIRLE

Coinneamhan : Chumadh sia coinneamhan de'n Ard Chomhairle fad na bliadhna. Air son a' cheud uair an eachdraidh A' Chomuinn Gaidhealaich chumadh coinneamh de'n Ard Chomhairle am Baile Steòrnabhaigh air dhaibh a bhith air am fiathachadh le Comunn Gaidhealach Leódhais. Roimh an choinneamh so bha coinneamh aig an Ard Chomhairle ri riochdairean bho Chomhairlean Sgìreachd Leódhais agus Na Hearadh, Baile Steòrnabhaigh, Comunn nan Croitearan, ri Ceann Suidhe na Comhairle Ionadail is ri luchd-teagaisg. Bu mhath leinn an cothrom so a ghabhail gu taing a chur air mhaireann do Chomunn Gaidhealach Leódhais is do na riochdairean eile a nochd fìor chàirdeas is choibhneas do bhuill na h-Ard Chomhairle.

Thatar an comain Luchd-stiùiridh an Fhoghlaim anns na Siorrachdan a thug cead do luchd-teagaisg coinneamhan a fhrithealadh troimh an t-seachdain.

Riochdairean air an Ard Chomhairle : Ré na bliadhna ghabh ochd buidhnean ri cuireadh riochdairean a chur air an Ard Chomhairle agus tha aon bhall bho na leanas :

Comhairle Baile Ghlaschu,
Comhairle nan Colaistean Foghlaim an Albainn,
Roinnean Ceilteach nan Oilthighean,
Comhairlean Shiorrachdan Earra Gaidheal,
Inbhirnis is Rois,
Comunn Chomhairlean Shiorrachd an Albainn,
Comunn an luchd-teagaisg (E.I.S.).

Tha dithis riochdairean eile bho Chomhairlean Sgìrean Uidhist agus Barraidh, Leódhais agus Na Hearadh.

Urras na Féille : Dh'fhàgadh beàrn a measg an Luchd-urrais ri linn bàis Sir Seoras Caimbeul, Succoth, agus rùnaich a' Choinneamh Bhliadhnail Mgr.

Harvey MacGilleathain fhiathachadh gus àite a lìonadh. Tha sinn toilichte gun d'fhuairadh fear cho comasach ri Mgr. MacGilleathain gu bhith air àireamh an Luchd-urrais.

Bòrd Leasachaidh na Gaidhealtachd : Thatar an comain a' Bhùird a thug seachad cuideachadh airgid gu àireamh leabhraichean a chur a mach air dualchas is obraichean anns a' Ghaidhealtachd.

Le cuideachadh bho'n Bhòrd thòisich obraichean ùra am Barraidh is am Beàrnasdal 'san Eilean Sgitheanach. Thàinig crìoch air obraichean eile anns na h-Eileanan agus air taobh siar na Gaidhealtachd, suidheachadh a tha a' cur iomagain air A' Chomunn Ghaidhealach. Thug An Comunn so gu aire a' Bhùird agus Rùnaire na Stàite agus dh'iarradh gun rannsaicheadh am Bòrd dìth obrach air a' Ghaidhealtachd agus anns na h-Eileanan is gun deasaicheadh iad sgeimichean air na bha dùil aca a dhèanamh air son grunn bhliadhnachan.

A bharrachd air a so rinneadh tagradh ris a' Bhòrd air son :—

- i. Cuideachadh airgid do'n Chomunn.
- ii. Fear-deilbhe anns na h-Eileanan an Iar.
- iii. Fear an Inbhirnis gu cuideachadh le clòbhualadh, rannsachadh, deasachadh theapaichean is cuideachadh teagaisg.

Chuireadh an t-iarrtas ceudna gu Rùnaire na Stàite, a nochd aig coinneamh an déidh sin nach faigheadh An Comunn cuideachadh airgid airson (ii) is (iii) an drasda co dhiubh.

Rinneadh tagradh gum biodh ball aig an robh Gàidhlig air Bòrd Leasachaidh na Gaidhealtachd ach cha deachaidh a' chùis a chur an dara taobh fhathast.

Còmhhdail Buidhnean nan Cànaichean Beaga : Fhritheil am Fear-stiùiridh a' Chòmhhdail an Oslo bho'n 10 - 13 latha de'n Lùnasdal, 1967.

An Eisteddfod agus an Oireachtas : Bha am Fear-stiùiridh 'na riochdaire bho'n Chomunn aig an Oireachtas agus am Fiosraiche aig an Eisteddfod. Dh'iarr Co Choiste an Oireachtais air an Fhear stiùiridh aithisg a dheasachadh air mar a ghabhadh an t-Oireachtas a rian na b'fhearr.

Comhairle an Ealdhain : Rinneadh tagradh gum du chòir Comhairle Ghàidhlig a bhith aig Comhairle an Ealdhain. Thugadh gu'n aire nach robh iad a' dèanamh uidhir is bu chòir dhaibh as leth na Gàidhlig agus tha iad a' cur mu dheidhinn aithisg a dheasachadh air na tha iad a' dèanamh anns a' Ghaidhealtachd.

Féis Dhùn-éideann : Air iarrtas Comhairle na Féise chumadh céilidh a bha fìor shoirbheachail an Talla Lìte san t-Sultain. Tha ar taing aig Roinn na Gàidhlig, BBC., a rinn gach ullachadh co-cheangailte ris a' chéilidh so.

Thatar cuideachd fada ann an comain Seonag NicCoinnich a chuir céilidh air ghleus as leth A' Chomuinn ann an Talla Comunn an Saltire.

Comhairle an Fhaclair : Rinn Buill na Comhairle ceud tòiseachadh air deasachadh an Fhaclair. Chaneil an àireamh air a' Chomhairle ach beag is

dh'fheumadh iad cuideachadh bho cheud co dhiubh. Thatar an comain na feadhainn a gheall cuideachadh ach dh'fheumte a cheithir uiread.

Nirribhidh is Lochlainn : Air iarrtas Comhairle Bhreatainn (British Council) chaidh am Fear-stiùiridh air chuairt do na duthchannan so anns a'Mhart far an tug e seachad 17 oraidean ann an 20 latha. Nochdadh gu bheil uidh aca an Albainn agus anns a'Ghaidhlig. O'n uair sin chaidh ban Albannach a shuidheachadh an Oslo mar leactair air gnothuichean Gaidhealach.

Ruintean A' Chomuinn Ghaidhealaich : Air iarrtas na h-Ard Chomhairle dheasaich am Fear-stiùiridh iomradh air Ruintean bu chòir a chur an gnìomh a thaobh na Gàidhlig. Thugadh fa-near na còraichean bu chòir a bhith aig luchd na Gàidhlig is nach eil aca. Mholadh oifis a bhith aig A' Chomuinn ann an Steòrnabhagh is seirbhiseach a bhith air ceann obair na Gàidhlig anns na h-Eileanan an Iar. Seach nach eil airgead ri fhaotainn bho'n Riaghaltas air son na h-obrach so an dràsda tha Comunn Gaidhealach Leódhais a' beachdachadh air meadhonan gu airgead a thogail a sheasadh a' chosgais san dol a mach. Feumaidh Comhairle a bhith air a cur air chois anns na h-Eilean an Iar agus 's e a' cheud cheum Meuran de'n Chomuinn a stéidheachadh anns gach eilean. Tha dhà ann an dràsda.

Tha 'san rùn cuideachd am Mòd Nàiseanta a chur air bhonn rianail le chosgaisean fhéin feuch an tarraing e airgead 'ga ionnsaigh.

Ghabh an Ard Chomhairle ris na ruintean is thugadh cead do'n Fhear-stiùiridh an cur an gnìomh mar a chì e iomchuidh.

Meal an naidheachd : Tha An Comunn Gaidhealach a' cur meal an naidheachd air triuir Ghaidheal a choisinn inbhe 'sa bhliadhna so; an t-Ollamh Iain M. MacIlle na Brataich air an do chuireadh urram Morair aig a'Bhliadhna Uir is tha ar deagh dhurachd aig a cheile cuideachd, A'Bhaintighearna Nic Ille na Brataich, an t-Ollamh I. A. MacGilleathain, Fear Stiùiridh an Fhoghlaim an Inbhir Nis agus Mgr. Seumas Grannd d'an d'thugadh urram an C.B.E.

Bas Bana-sheirbhiseach: Chaochail a' Mhgn. Uasal Cairistiona Nic an Tuairneir a bha an seirbhis A' Chomuinn ann an oifis Ghlaschu suas ri fichead bliadhna. Chaill An Comunn Gaidhealach bana-sheirbhiseach dhileas is tha sin a' cur an céill ar co-fhaireachdainn ris na càirdean a dh'fhàgadh 'na déidh.

COMHAIRLE AN EARAIL

Las nach robh gnothuich ri laimhseachadh, cho do choinnich a'Chomhairle am bliadhna.

COMHAIRLE A' MHOID IS A' CHIUIL

Choinnich a' Chomhairle sia uairean ré na bliadhna.

Am Mòd Nàiseanta, Glaschu, 1967 : "Cha phaidh taing iad" — 's e sin da-rìreadh is còir a ràdh a thaobh Comhairle Ionadail a' Mhòid an Glaschu. Chan

e mhàin gun d'rinn iad gach ullachadh a thaobh thallachan is àitean-fuirich ach chuir iad air adhart céilidhean anmoch a h-uile feasgar fad seachdain a' Mhòid, ni nach d'rinneadh le Comhairle Ionadail no leis A' Chomunn Ghaidhealach riamh roimhe. Anns na mìosan roimh 'n Mhòd rinn iad gach oidhirp is chleachd iad gach innleachd gu airgead a thogail air son Maoin a' Mhòid is Maoin Adhartachaidh A'Chomuinn. Chaidh leotha gu math oir thog iad £15,500, an t-sùim a b'àirde a chaidh a thogail riamh. Ceud taing do bhuill na Comhairle fo stiùireadh na Baintighearna Nic Ille na Brataich. Tha ar taing cuideachd aig Aitreabh nan Gaidheal a thug seachad àite saor is a nasgaidh air son gach coinneamh agus a dh'islich am màl gu mòr air son nan tallachan. Tha ar taing cuideachd aig Comhairle na Dràma an Glaschu a dh'uidheamaich dealbhan-cluich air feasgar Di-ciadain.

Tha sinn a' cur meal an naidheachd air Tormod MacGilleathain a choisinn Crùn na Bàrdachd agus am Bonn Oir air son seinn, dà urram nach do choisinn co-fharpais each riamh roimhe.

Aithisg air a' Mhòd Nàiseanta : Fhuair aithisg air a' Mhòd Naiseanta, 1966, bho Mhgr. Iain Ridley, Riochdaire bho Chomhairle an Ealdhain. Mhol e iomadh ni a bhiodh 'na bheachdsan a chum leas a' Mhòid. Mar thoradh air a so bha dreach ùr air Clàr-innsidh a' Mhòid Nàiseanta an Glaschu. Chaidh duaisean litreachais nan inbheach àrdachadh gu mòr agus dà cho-fharpais, aon air son ur-sgeul ann an Gàidhlig, a chur ris an àireamh. Fhuair An Comunn Ghaidhealach dileab Aonghais MhicNèill is a phiuthar, Mairead, agus diolaidh an riadh an t-airgead duais.

Theagamh gur e an gnothach is cudthromaiche a dh'éirich bho'n aithisg gun do dh'aontaicheadh Co-fharpaisean Oigridh a chumail air Di-ardaoin is Di-haoine agus Co-fharpaisean Inbheach air an t-seachdain an déidh sin. Chaidh ullachadh air son sin a dhèanamh air son Mòd Nàiseanta na h-ath bhliadhna anns an Aghaidh Mhòir.

Am Mòd Nàiseanta, 1969 : Cha d'fhuair aithisg cuireadh air son a' Mhòid aig a' Choinneamh Bhliadhnail an uiridh agus dh'iarradh rannsachadh an gabhadh am Mòd a chumail anns an Aghaidh Mhòir. Rinneadh sin agus b'e bhuil gun d'fhuair aithisg cuireadh bho na Meuran anns a' cheàrna sin de'n dùthaich. Chuireadh Comhairle Ionadail air chois a chuir romhpa £5,000 a thogail.

Tha dà co-fharpais a bharrachd — seinn anns an t-seann nòs — ann an sreath co-fharpaisean a' Bhuinn Oir aig Mòd na h-ath bhliadhna, ni a thatar an dòchas a chuireas àirde is loinn air na co-fharpaisean sin.

Am Mòd Nàiseanta, 1968 : Tha a' Chomhairle Ionadail an Dùnomhain a' dèanamh làn ullachadh is glé thrang a' trusadh airgid agus tha sinn toilichte gu bheil a' soirbheachadh leotha. Tha e 'na thaic dhaibh gu bheil feadhainn a tha eòlach air an obair 'nam buill de'n Chomhairle.

Riochdairean : A thuilleadh air riochdairean bho Chomhairlean Ionadail A' Mhòid tha dithis riochdairean bho Chomunn nan Còisirean Gàidhlig 'nam buill de Chomhairle a' Mhòid is a' Chiùil.

Fo-chomhairle a' Chiùil : Chum an Fho-chomhairle ceithir coinneamhan is rinn iad obair mhòr a' taghadh òran fa chomhair Mòd na h-ath bhliadhna is am Mòd an déidh sin. Tha iad mu dheidhinn cuideachadh fhaotainn bho àireamh òran a chur a mach is chuir iad mu dheidhinn cuideachadh fhaotainn bho àireamh Ghaidheal air feadh na dùthcha.

Gill-dùbhlain ùra : Am bliadhna a rithist tha sinn an comain feadhainn a tha a' toirt dhuais air son a' Mhòid. Ghabhadh ris na leanas :—

Geall-dùbhlain Cuimhneachain Dhòmhnaill Rois
bho Chomunn Rois is Chromba, Dùn-éideann.

Geall-dùbhlain Iain MhicCoinnich Paterson
bho Dhionnasg Gàidhlig na h-Alba.

Cupan Còisir Ghàidhlig Steòrnabhaigh.

Tha a' cheud dhà dhiubh sin air son co-fharpaisean òigridh a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus an tritheamh té air son seinn ceathrar inbheach.

COMHAIRLE AN IONMHAIS

A bharrachd air gnothuichean chùntas bheachdaich a Chomhairle dé bu chòir a dhèanamh mu ionmhasan is airgid urrais a bha an tasgadh is gun moran piseach a'tighinn orra. Dh'iarradh comhairle air luchd lagha is chomhairlich iadsan gum feumte cead iarraidh bho Chùirt an t-Seisean fo nobile officium ach cha robh cinnt gun gabhadh a chùirt ris mur a robh e soilleir nach b'urrainn An Comunn rùintean nan urras a choimhlionadh. A reir na comhairle bha e comasach dhuinn airgid Urrais Esme Smyth a chosg agus chaidh so a chuir ri cosgais Tigh Obar Thairbh. Tha an tigh a nis paighte.

Chaidh tuairmse cosgais a dheasachadh am bliadhna agus mar thoradh air an sin chaidh iarrtas a chuir gu Runaire na Staite. Bithidh còrr air £18,000 'ga chosg eadar da cheann na bliadhna air tuarasdail is cosgaisean steidhichte agus cha bhi a'tighinn a steach mu choinneamh ach mu £13,000. Bithidh mar sin £5,000 goirid mur a tig cuideachadh. Thainig £14,130 a steach o Mhòd Ghlaschu am bliadhna nì a rinn neartachadh mor air suidheachadh chunntasan agus £2,239 a steach o Thoradh. Bu mhath leinn barrachd airgid fhaicinn a'tighinn a steach o bhuill agus feumar aire a thoirt do'n chùis. Le còrr is £448 'nar laimh aig deireadh bliadhna far an robh cosgais cho trom le £2,500 air leth airson aitreabh Ghlaschu cha b'e droch bhliadhna bha againn idir ach feumaidh sinn a bhi faicilleach a thaobh cosgaisean.

COMHAIRLE A'CHLO-BHUALAIDH IS AN FHOGHLUIM

Choinnich a'Chomhairle so trì uairean re na bliadhna

Sruth

Anns an Ghiblinn 1967 thainig am paipear so a mach airson a'cheud uair. Ghabh e aite a'mhiosachain An Gaidheal agus tha e a'tighinn a mach gach dara seachduinn air a chlo-bhualadh leis an "Highland Herald" an Inbhir Nis. Bha feill mhath air toiseach na bliadhna ach 'sann an lughad tha so an deidh a dhol. Dh'aindeoin sin tha am paipear a'deanamh feum agus a'reic chan ann a mhain air feadh Alba ach an duthchanan thall thairis cuideachd.

Reid's Elementary Course

Thainig an leabhar so a mach a rithist le ceartachadh fo laimh Mhgr. Dhomhnaill Mhic Thomais. Tha sinn an comain Urras NicCaoig a chuidich leis a chlo-bhualadh.

Mo Leabhar

Chuirear a mach dhà de na leabhraichean so a dheasaicheadh le luchd-teagaisg an Leodhas fo stiùireadh na Mgn. Uasail Mairead A. NicAscaill. Tha gach fear an da earrainn, leabhar-leughaidh 's leabhar-oibreach.

Leabhraichean a Chlo bhualadh 'san Fhraing

Thainig trì leabhraichean a mach a dh'eadar-theangaicheadh le Mgr. Domhnall Grannd agus tha dochas gum bi sia a'tighinn am follais air a' bhliadhna tha tighinn. So ainm na leabhraichean ùra Ludag Bheag, Banrigh an t-Sneachda, Ros Bhan is Ros Dhonn.

Cairtean Nollaig

Bha feill mhath air na Cairtean Nollaig agus bithear a'cuir feadhainn a mach am bliadhna cuideachd.

Buntus Cainte

Tha Mgr. Domhnall MacAmhlaigh, Oilthigh Obairdheadhain, ag ullachadh Leasanan bho'n fheadhainn a fhuair an Eirinn agus tha aont' o Roinn an Fhoghlaim is o Telefis Eireann gu faighear na dealbhan a tha 'san leabhran agus air Telebhisean.

Leasain A'Ghaidheil

Thatar ag ullachadh na leasain aig Iain Domhnallach a thainig am follais 'sa' Ghaidheal airson feum luchd-ionnsachaidh agus sgoiltean.

Leasain Ghaidhlig

Mhol a'chomhairle na leasain so air clair a chuir a bith. Reic iad air leth math ach tha feum air a dhol air adhart bho'n cheud ceum so agus tha duil gum bi na leasain is na claran aig Gaelfonn deiseil 'san t-samhradh.

COMHAIRLE ROINN NA H-AIRDE TUATH

Choinnich a'Chomhairle so tri uairean fo stiùireadh Mhgr. R. MhicAoidh.

A thuilleadh air Mo Leabhar I agus II chuir a'chomhairle air adhart clo-bhualaidhean de leabhraichean co-cheangailte ris a'Ghaidhealtachd. Tha ochd dhiubh sin 'gan reic an nis.

Bha Buth-Fios Stabuill an Rìgh fosgailt' as t-samhradh agus bith Obar Thairbh fosgailte re na bliadhna.

Club Leabhar

Shuidhicheadh Club Leabhar na chompanaidh air leth bho'n Chomunn agus tha lamh-sgrìobhadh grunn leabhraichean aca. Tha cion airgid a'cuir bacadh orra fhathast ach tha iartras mu choinneamh a Bhord Leasachaidh airson cuideachadh fhaotainn.

Drama

Bha adhartas 'ga dheanamh le Drama Ghaidhlig agus chuidicheadh le Comhairle chur air bhonn 'sa Cheann-a-Tuath airson Feis a chuir air adhart agus dealbhan cluiche Gaidhlig a chruinneachadh an Tigh-Obar-Thairbh.

Tionnsgnaidhean

Bha comhairle bheag a'beachdachadh de an leasachadh a b'fhearr a dh'fhaodadh Am Bord deanamh a thaobh gnìomhachas is tionnsgnaidhean agus chaidh aithisg a dheasachadh 'sa chuir thuca a moladh de bu choir sealltainn ris. Tha nis fear dreuchd aig a Bhord airson na h-oibreach.
